


Òraid 16 Faoilleach 2007
Roinn na Ceiltis, Oilthigh Dhùn Èideann

A' dèanamh tomhas air telebhisean mion-chànanach: measadh air suidheachadh nan Gàidheal anns an 21mh linn

'S e na beachdan pearsanta aig Dòmhnall Caimbeul a tha nochdadh anns an òraid seo.

An dèidh dhomh còig mìosan a chur seachad mar Àrd-oifigear Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig tha mi nis a' tuigsinn carson a bha sianal telebhisean Gàidhlig ga fhaicinn mar rudeigin coltach ri crogan òir aig bonn a' bhogha-fhroise: ceann-uidhe air an robh miann mòr ach mar is ann is motha a bhathar a' gluasad ga ionnsaigh 's ann nas fhaide air falbh a bha e a' coimhead. A dh'aindeoin gach dòchas agus gach gealltanais chan eil seirbheis Ghàidhlig shlàn fhathast air nochdadh, agus ged a tha i air fàire tha mòran ri dhèanamh mus bi i againn ann an da-rìribh. Aig toiseach tòiseachaidh bu choir dhomh iomradh a thoirt air eachdraidh telebhisean Gàidhlig suas gu 1990 agus an uair sin bho 1990 chon an là an-diugh.

Àireamh uairean craolaidh



Bidh fios agaibh pèin gu ìre gu bheil am BBC air a bhith a' craoladh Gàidhlig air telebhisean bho na trì ficheadan den linn a chaidh nuair a nochd prògraman a' Mhòid agus leithid 'S e ur Beatha. Chùm am BBC ris an seo agus ann an 1990 bha iad a' craoladh deannan de dh'uairean a thìde Gàidhlig air telebhisean le cudrom air gnè chloinne is òigridh. Bidh cuimhne aig feadhainn agaibh air prògraman leithid Dòtaman is Brag.

Fhad 's is aithne dhomh, cha robh guth Gàidhlig air ITV anns na trì ficheadan, ach ann an 1978 chaidh Gàidhlig ainmeachadh ann an seagh craolaidh ann am Pàipear Geal:

“Broadcasting has an important role to play in the preservation of Gaelic and Welsh as living tongues and in sustaining the distinctive cultures based upon them”.

As dèidh sin, aig toiseach nan ochdadan chaidh uallach laghail a chur air Scottish TV agus air Grampian coimhead air craoladh Gàidhlig, agus 's e a' chomhairle a fhuair iad gum bu chòir dhaibh leth-uair a thìde gach seachdain a chraoladh ann an Gàidhlig.

Leis an sin, ann an 1991 bha am BBC agus ITV a cuir a-mach 125 uairean de thìde ann an Gàidhlig. Anns an dol seachad, dh'fhaodadh faighneachd carson a bha am BBC aig an àm a' craoladh ann an Gàidhlig – oir cha robh cudthrom laghail sam bith orra mar a bha air Scottish agus air Grampian – agus tha mi cinnteach gu bheil freagairt na ceist sin an àiteigin eadar an dleastanas a tha air am BBC mar chraoladair poblach agus na h-iomairtean pearsanta a rinneadh leis na gaisgich a bha a' strì taobh a-staigh na buidhne aig an àm.

Eachdraidh TbH Gàidhlig

- 1960's BBC (Mod, Se ur Beatha etc)
- 1978 – Paipear Geal
- 1981 Achd Craolaidh
 - Comhairle Scottish Advisory Committee gu IBA
- 1990 Achd Craolaidh – CTG
- 1996 Achd Craolaidh
 - CTG gu CCG
 - TeleG (airson Freeview)
- 2000 Aithisg Milne
- 2003 Achd Conaltraidh
 - CCG gu SnaMG (GMS)
- 2005 Aithisg Deloitte
- 2006 “Position Statement” GMS/BBC

A dh'aindeoin am beagan Gàidhlig – neo air sgàth am beagan Gàidhlig – a bha air a' bhocsa mun àm seo, nochd barail gu math làidir am measg nan Gàidheal gun do rinn telebhisean sgrios air Gàidhlig, a' cur guth Beurla anns a h-uile dachaigh air Ghàidhealtachd mar a thuirte feadhainn gu poblach. Nas miosa buileach bhathar a' faicinn cunnart gun cailleadh na bha ann de thelebhisean Gàidhlig às aonais dìon laghail aig ìre ITV agus gealladh foirmeil bhon BhBC anns a' chùmhnannt rìoghail aca. Air sgàth sin rinneadh oidhirpean aig ìre phoilitigeach a thàinig gu ceann le aithisg a sgrìobh neach-comhairleachaidh eacanomaigeach Cento Veljanovski, 'The Case for a Gaelic Broadcasting Service'. Leis a' chliù a bha aig Veljanovski chaidh inbhe (de shèorsa) a thoirt gu craoladh Gàidhlig ann an Achd Craolaidh 1990, nuair a chruthaichheadh Comataidh Telebhisean Gàidhlig le gealladh £8m gach bliadhna.

Tha iomadach rud a dh'fhaodainn a ràdh agus bheir mi iomradh air feadhainn.

Anns a' chiad àite, dh'adhbharaich seo “flùrachadh” ann an telebhisean Gàidhlig, le cothroman prògraman a chruthachadh agus gnìomhachas ùr a staidheachadh nach robh crochte air Glaschu neo Lunnainn neo air beachdan sònraichte nan craoladairean.

Air an làimh eile ge-tà, ged a bha Comataidh Telebhisean Gàidhlig a-nis air a steidheachadh ann an seagh laghail cha deach an t-airgead ùr seo riamh a dhìon sa lagh mar a chaidh a dhèanamh dha na Cuimrich. Chaidh an tobar a chladhach gun ghealladh nach trathadh i.

A bharrachd air an sin, agus cho cudromach ri rud sam bith eile, bha Comataidh Craolaidh Gàidhlig an eisimeil nan craoladairean – Grampian, Scottish agus am BBC – oir ged a bha airgead phrògraman a nis aig a' Chomataidh cha robh dòigh ann na programan fhaighinn gu luchd-amhairc ach troimh geataichean nan craoladairean. Airson faochadh air an t-suidheachadh seo, chaidh Grampian agus Scottish an cur fo uallach, anns a' chead craolaidh aca, uair a thìde gach seachdain ('s e sin 52 uair Gàidhlig sa bhliadhna) de phrògraman na Comataidh a tharraing, a bharrachd air dleastanas iad fhèin uair a thìde gach seachdain a chruthachadh agus a chraoladh. Air an làimh eile cha robh uallach foirmeil riamh air a' BhBC prògraman na Comataidh a tharraing.


Anns na ciad bhliadhnaichean ghlac Grampian agus Scottish an cothrom prògraman Gàidhlig a chruthachadh le airgead a' Chomataidh – cuimhnichibh air 'Machair' agus 'Telefios' – ach anns na bliadhnaichean mu dheireadh dh'atharraich suidheachadh ionmhais nan companaidhean sin, ag adhbharachadh nach eil iad a-nis idir airson Gàidhlig a tharraing ach aig amannan far nach caillear mòran airgid sanasachd – 's e sin anmoch air an oidhche. Bho thaobh a' BhBC chruthaich iadsan beàrn air BBC2 air feasgar Diardaoin eadar 6 agus 8 uairean agus airson 9 mìosan den bhliadhna agus mura b'e seo bhiodh trioblaid mhòr aig a' Chomataidh (a-nis Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) na prògraman aca fhaighinn chon a' mhòr-sluaigh an Alba.

Tillidh mi gu eachdraidh na dha neo trì bliadhnaichean a chaidh ach an-dràsta smuain mu dheireadh air na naochadan mus gluais mi. Carson a chaidh buidheann ùr a chruthachadh airson inbhe craolaidh Gàidhlig a dhìon? Carson mar eisimpleir nach tug an Riaghaltas an t-airgead ùr

dìreach dha na craoladairean, dhan BhBC neo ITV, fo chùmhnannt a chosg air Gàidhlig? An e gliocas neo gòraiche a bha ann? Na mo bheachd fhìn, gliocas a thaobh a bhith a’ toirt cumhachd nam prògraman dhan na Gàidheil fhèin, agus gòraiche a’ fàgail nan Gàidheal an uair sin an eisimeil ris na craoladairean airson na prògraman a sgaoileadh – an dearbh rud a tha air cùl a’ ghearain àbhaistich mu dheidhinn amannan mì-fhreagarrach agus “schedules” chaochlaideach.


Telebhisean Gàidhlig 1991- 2006

Àireamh uairean craolaidh:



Telebhisean Gàidhlig 1994- 2006


Àireamh uairean (ùr agus ath-chraoladh)



Dè an ath cheum ma-tà? 'S e an ath cheum co-bhanntachd a chruthachadh eadar sinn fhìn – le tobar airgid – am BBC – le comas craolaidh – agus luchd cruthachaidh nam prògraman. Co-bhanntachd airson sianal ùr a chur air bhog far nach bi Gàidhlig an eisimeil 'schedules' craolaidh Beurla. Tillidh mi thuige seo nas fhaide air adhart, an dèidh dhomh rudeigin a ràdh mu dheidhinn mo shealladh air an meadhanan.


Thàinig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a-mach à ath-chruthachadh de Chomataidh Craolaidh Gàidhlig ann an 2003, buidheann a bha air a chiad chruthachadh – mar a dh'ainmich mi mu thràth – mar Chomataidh Telebhisean Gàidhlig ann an 1990. Shaoileadh neach sam bith gur e cosg ùine a tha ann a bhith a sìor atharrachadh ainm buidhne nuair a tha obair chruaidh ri dèanamh, ach tha dà rud rin comharrachadh. Anns a' chiad àite, nuair a dh'atharraich ainm na buidhne gu SnMG ann an 2003 fhuair sinn cuideachd an comas prògraman a chomiseanadh sinn fhìn agus sianal a chruthachadh sinn fhìn – ceum chudromach. Anns an dara àite, 's e firinn na cùise gun do ghluais an sealladh rè nam bliadhnaichean bho telebhisean a mhàin gu na meadhanan – prògraman tro mheadhan telebhisean, radio, eadar-lìon, fòn-làimhe neo inneal didseatach sam bith eile. Tha teachdaireachd shònraichte an seo, agus 's e sin gu bheil e an urra rinn tuigsinn gu bheil na meadhanan a-nis a tighinn còmhla anns an dòigh nach eil idir a' toirt prìomhachas do telebhisean sreathach ('linear television'), ach gu bheil barrachd is barrachd dhaoine a-nis a coimhead ris an eadar-lìon airson stuth fiosrachaidh, cèol, cur-seachad agus susbaint air bhideo.

Eadar 1990 agus 2006



Anns an t-sealladh a bha ann, bha an craoladair a' tairginn amannan craolaidh, bha an riochdaire a' cuir beachdan chon an coimiseanar (a bha ag obair airson a' chraoladair) agus bha SnaMG a' maoineachadh a' phrògram. Ged a tha firinn fhathast anns an dealbh sin, tha an sealladh a' tha romhainn a-nis nas coltaiche ris an seo.

An saoghal didseatach



Tha e follaiseach dhomhsa co-dhiù gu bheil 3 bun-chùisean ann, nuair a tha thu a' bruidhinn mu dheidhinn nam meadhanan anns an là an-diugh.

Anns a; chiad àite tha an **neach-cleachdaidh**. 'S ann aige neo aice a tha an cumhachd, gu h-àraid ann an saoghal ioma-mheadhanach làn roghainnean. Dè seòrsa uidheamachd a tha aige? Saideal? Bocs Freeview neo BT Vision? Fon làimhe? iPod? Laptop? Blackberry? Cuin a tha e neo i airson feum a dhèanamh dhen stuth a tha ann? Dè seòrsa stuth a tha e neo i airson faicinn neo a chluinntinn? Is ann acasan a tha an cumhachd a nis.

Anns an dara àite tha **susbaint**. B' àbhaist dhuinn a bhith ag ràdh "programan", agus ged a tha àite sònraichte ann airson prògraman chan eil am facal farsaing gu leòr airson na tha sinn a' ciallachadh – 's e sin stuth air bhideo neo audio air a chur ri chèile ann an dòigh a dh'fhaodas cleachdadh air diofar mheadhanan. Tha eisimpleir air telebhisean Gàidhlig an-dràsta, far a bheil Comadaidh Oir ga thairgsinn air telebhisean agus na chrìomagan air an eadar-lìon airson compiutaran neo podcast. Is ann a ghreimich Bill Gates air an seo ann an Las Vegas bho chionn seachdain nuair a thuir e: *"People want to do things with their content across multiple platforms."*

Anns an treas àite tha a' **choimhearsnachd chruthachail**. Cò a th'annta? 'S iad seo an fheadhainn a tha cruthachadh susbaint. Bha riochdairean nan craoladairean riamh ann, an uair sin bha na riochdairean neo-eisimeileach ann cuideachd – ach a-nis tha leudachadh air tighinn air an t-suidheachadh. Mur a bheil an neach-cleachdaidh a' faighinn an stuth a tha e ag iarraidh faodaidh e fhèin a dhèanamh agus a chur air làrach-lìn.

Youtube – “Beinn”



[Beinn Dorain](#)

00:26

video taken at the summit of Beinn Dorain, August 2006

Tags:

[beinn](#) [dorain](#) [walking](#) [mountain](#) [hill](#) : [Travel & Places](#)

From: [andymakesglasses](#)

Views: 26



[Moladh Beinn Dobhrain](#)

03:01

Some members of Lochs Gaelic Choir (with a few friends!) performing the song "Moladh Beinn Dobhrain" at the Panceltic Festival in Kilkenny, Ireland in 2002

Tags:

[Lochs](#) [Gaelic](#) [Choir](#) [Moladh](#) [Beinn](#) [Dobhrain](#) [Panceltic](#) [Kilkenny](#)

[Lewis](#) Added: 6 months ago in Category: [Music](#)

From: [AngusKeose](#)

Views: 168

1 rating



Tha deagh eisimpleir de seo air “YouTube.com”. Ma thèid sibh thuige agus ma chuireas sibh am facal “beinn” a-steach gheibh sibh roghainn sealladh Bheinn Dòrain fhaicinn air bhideo, neo ‘Moladh Beinn Dòrain’ a chluinntinn agus fhaicinn air a sheinn le còisir Gàidhlig. ’S e a’ phuing, gu bheil daoine ag iarraidh na briathran aig leithid Dhonnchaidh Bhàin èisteachd agus na seallaidhean aige fhaicinn, agus mura faigh iad na rudan sin air telebhisean nì iad fhèin e agus sgaoilidh iad e air an eadar-lìon.

Ach càite anns an dealbh seo a bheil an coimiseanar agus an “scheduler”? Tha àite ann dhaibh, agus àite cudromach – ag amas air a bhith a’ tuigsinn dè seòrsa stuth a tha dhìth air an luchd-chleachdaidh agus a bhith a’ cur airgid is ghoireasan a dh’ionnsaigh na coimhearsnachd chruthachail airson an stuth sin a dhèanamh. Tha e a-nis follaiseach gun dèan an aon stuth an gnothach gu math tric airson diofar mheadhanan – gabhaidh stuth bhideo a ghearradh airson telebhisean agus eadar-lìon, agus a rèir a’ chuspair, gabhaidh dreach a chur air susbaint airson ’s gum bi e freagarrach airson radio, telebhisean neo eadar-lìon. ’S e “360 commissioning” a chanas am BBC ris an seo.

Mura còrd stuth ris an luchd-chleachdaidh thèid iad a dh'àite eile air a shon, neo cruthaichidh iad an stuth aca pèin. Tha gnàthas cainnt ùr air tighinn am bàrr airson seo – “democratisation of the media”.

Faclan ùra

Beurla

- Content
- Viewer / user / consumer
- Broadband
- Linear TV
- Multi channel
- Multi media
- “democratisation of the media”

Gàidhlig

- Susbaint
- Neach / Luchd cleachdaidh
- Bann leathann
- Telebhisean sreathach
- Iomadh shianalach
- Iomadh mheadhanach
- ?

Chan eil mi airson faclan Gàidhlig a chur air “Democratisation of the media” ach ma tha moladh aig neach sam bith a tha an làthair a-nochd 's e ur beatha cur ris an fhaclair ùr de bhriathrachas craolaidh!

Dè tha seo a' ciallachadh do shaoghal na Gàidhlig? Ged a tha “bun-os-cionn” a' tachairt an-dràsta ann an saoghal nam meadhanan bu chòir dhuinn a bhith mothachail gu bheilear a-nis an impis greimeachadh air a' chroghan òir, an sianal telebhisein didseatach. Na mo bheachd-sa tha e a' ciallachadh gu feum sinne, air a bheil dleastanas nam meadhanan Gàidhlig a' tuiteam, dèanamh cinnteach gu bheil sinn a tuigsinn:

1. Cò dha a bhios an t-seirbheis, cò a' choimhearsnachd air a bheil sinn ag amas?
2. Dè na feumalachdan agus na h-iarrtasan a tha aig a' choimhearsnachd sin? Agus

3. Coimhearsnachd chruthachail a mhisneachadh agus a bhrosnachadh gus susbaint chiallach agus tharraingeach a chruthachadh a thèid an uair sin mu sgaoil troimh na meadhanan didseatach a dh'ionnsaigh an luchd-chleachdaidh.

Tha mi coma ma bhios an sianal beag, fhad 's a bhios i ceart dhan choimhearsnachd a tha e a' frithealadh.

Tomhas air Telebhisean Mion-chànanach

Mus tèid sinn ro fhada a-steach ann a bhith measadh nan comharraidhean sònraichte a dh'fhaodadh a bhith aig seirbheis Ghàidhlig bu mhath leam sùil a ghabhail air na tha tachairt ann an dà dhùthaich eile, far a bheil toradh an dà iomairt air a bhith cho fad bho chèile sa ghabhas: a' Bhreatann Bheag agus Èirinn. Airson ar suidheachadh coimheadaidh sinn an toiseach air dealbh nas fharsainghe.

Mion chànanan

<u>Cànan</u>	<u>Àireamh</u>	<u>%</u>	<u>Maoin TBh</u>
Cymraeg	750,000 (S4C)	26%	£96m+
Gaeilge	1.6m (?)	37%	€22m
Basque	1m	1%	?
Frisian	400,000+	2.4%	?
Breizh	300,000	0.5%	-
Inuit	150,000	0.5%	\$2.1m
Gàidhlig	59,000	1.2%	£8.7m+

Tha e duilich dealbh sam bith a mhìneachadh le cinnt mu àireamhan luchd-labhairt mion-chànain.

Mar eisimpleir tha mi a' tuigsinn, gun a bhith ag ainmeachadh craoladair sam bith, gu bheil a bhith ag ainmeachadh àireamhan àrda na bhuannachd ann a bhith coisinn airgid sanasachd. Gu math tric

tha an rannsachadh a' tomhas diofar ìrean eòlais neo fileantachd, agus leis an sin chan eil e furasta coimeas a dhèanamh – rud a dh'fhàgas mi gu dèonach do chuideigin eile!

Ma choimheadas sinn faisg air làimh, tha fios againn gu bheil seirbheis telebhisean mion-chànanach ann an Èirinn agus anns a' Chuimrigh, agus cha bhi ioghnadh sam bith air duine an làthair an seo a-nochd gur ann aig S4C, an sianal Cuimris, a tha an tobar maoin as doimhne agus as seasmaiche seach sianal sam bith eile. Tha S4C a' cosg seachad air £80m gach bliadhna air susbaint Chuimris a-mach a teachd-a-steach de £96m. A bharrachd air an sin tha am BBC a' cur luach £22m de phrògraman Cuimris thuca agus tha Sianal 4 a' cur còrr is 6 mìle uair de phrògraman Beurla thuca an-asgaidh. Uile gu lèir tha S4C a' cur a-mach 4 gu leth mìle uair a thìde de phrògraman Cuimris sa bhliadhna – 's e sin 86 uair gach seachdain.

Tha ar caraidean an Èirinn iad fhèin air a bhith soirbheachail airson a' mhòr-chuid, ach le glè bheag a dh'airgead agus mì-chinnt bho bliadhna gu bliadhna mu dheidhinn maireannachd na maoin. Tha TG4 a' faighinn €8m bhon Riaghaltas, €10m de luach prògraman bho Radio Telefís Éireann (RTÉ) agus mu €4m airgid sanasachd. Tha airgead sanasachd a' pàigheadh airson nam prògraman Beurla. A rèir TG4 tha 9 uairean de phrògraman Gaeilge gan craoladh gach là, 's e sin 63 uair gach seachdain.

Is d'fhiach e chomharrachadh gu bheil cànanan Eòrpach eile ann aig a bheil seirbheis craolaidh, agus tha an cànan Basgach agus Friseis nan eisimpleir. Anns a' Bhreatainn Bhig, thòisich sianal ris an cainntear TV Breizh anns a' bhliadhna 2000 – le €15m de dh'airgid agus le taic bho diofar chompanaidhean, gu h-àraid TF1. Bhathas a' sùileachadh gum biodh an t-seirbheis ùr seo na h-uinneag air dualchas na Breatainn Bhig agus air cultar Ceilteach, agus gum biodh e dà-chànanach, agus anns a' chiad dhol a-mach bha roghainn ann èisteachd ris an aona prògram ann am Fraingis

neo Breton. Tillidh mi gu TV Breizh airson coimeas a dhèanamh eadar e agus TG4 ach an-dràsta, bu chòir a chomharrachadh gun do dh'fhàillig an iomairt co-dhiù a thaobh a' chànain.

Anns an dol seachad, chuala mi bho chionn ghoirid mu dheidhinn an t-sianail Inuit ann an taobh a tuath Chanada. Tha iad a' craoladh 4.5 uair a thìde gach seachdain air saideal, le glè bheag a dh'airgead agus le cinn-uidhe nach eil cho fada air falbh bho na h-amasan againn fhèin an Alba.

Inuit Broadcasting Corporation

Mandate and Goals (www.inuitbroadcasting.ca)

- To provide a forum and vehicle by which Inuit can exercise their rights of freedom of expression
- To interpret local, national and international issues and events to Inuit people in the context of their own understanding
- To strengthen and enrich the cultural and social fabric of Inuit
- To provide balance and differing views on matters of public concern using predominantly Inuit creative resources.
- To train and employ Inuit people in the planning, production and distribution of their own television programs
- To promote the learning, understanding and day-to-day use of Inuktitut
- To popularize and, thereby, strengthen the Inuit cultural identity, language, mythology, social patterns and features which define and give meaning to being Inuit.

Ma chuireas sibh Gàidhlig neo Gàidheal far a bheilear ag ràdh Inuit chì sibh dè tha mi a ciallachadh.

TG4 agus TV Breizh

- An dithis – a’ strì airson àireamhan – sanasachd
- An dithis – “rebrand” gu TG4 agus TVB
- Beurla air TG4
- Fraingis air TVB
- Iarrtasan ionadail vs Iarrtasan nàiseanta
- Airgead poblach aig TG4
- Tàlant ùr – TG4
- Cion taic – TVB
- Dìth chothrom craolaidh freagarrach - TVB

Mar a thuirt mi, bhiodh e gu feum coimhead air sianal a tha air a bhith soirbheachail agus coimeas a dhèanamh ri sianal nach do dh’obraich a thaobh a’ chànain. Ged nach eil mòran ionannachd ann eadar TG4 agus TV Breizh, faodar seo a ràdh:

- Tha an dà shianal air an glacadh leis an strì airson àireamhan luchd-amhairc agus sanasachd, agus air sgàth sin tha an dithis aca a’ craoladh stuth Ameireaganach – rud nach eil a’ còrdadh ris an fheadhainn a tha a’ putadh na mion-chànain;
- B’fheudar dhan dà shianal an ainm atharrachadh – Telefios na Gaeilge gu TG4 agus TV Breizh gu TVB airson barrachd aithne a thàladh anns an t-saoghal mhòr;
- Tha TG4 – le stuth Beurla – agus TVB – cha mhòr air fad ann an Fraingis – a-nis a’ tarraing a-steach barrachd luchd-amhairc na bha iad riamh roimhe;
- Tha e follaiseach gu bheil tric sgaradh ann eadar na h-iarrtasan ionadail a tha aig muinntir na Gaeltachta agus na Breatainn Bhig agus iarrtasan nàiseanta luchd-amhairc Bhaile Átha Cliath neo Paris.

Chan eil e duilich co-dhùnaidhean a ruighinn mu dheidhinn TG4 neo TV Breizh. Chuir TG4 earbsa ann an tàlant ùr agus shiubhail iad an dùthaich airson a thrusadh: chuir TVB earbsa ann a

bhith ceannach stuth agus ga eadar theangachadh. Tha e air a ràdh gun deach TV Breizh as dèidh “la ménagère de moins de 50 ans” (mnathan taighe fo aois leth-cheud), ach chaidh TG4 as dèidh clann is òigridh le bhith tairgsinn “sùil eile” air an t-saoghal. Aig a’ cheann thall, tha mi fhèin den bheachd gu bheil trì adhbharan ann airson soirbheachas TG4 agus fàilligeadh TV Breizh:

- Tha TG4 air a mhaoineachadh leis an Riaghaltas airson prògraman Gaeilge a libhrigeadh – cha robh leithid riamh aig TV Breizh;
- Dhiùlt an riaghaltas Frangach àite ceart a thoirt dha TV Breizh air an àidhear (*terrestrial frequencies*) ach an Èirinn cha robh an trioblaid seo ann; agus
- Bha deagh rùn airson a’ chànain follaiseach an Èirinn ach anns a’ Bhreatainn Bhig chaidh am pròiseact a mholadh agus a phutadh le feadhainn aig nach robh ùidh mhaireannach sa chànain.

Chan e gu bheil an suidheachadh an Èireann buileach socair. Tha dealachadh air faire eadar TG4 agus RTÉ agus tha fo-thiotalan, cleachdadh na Beurla is eile nan adhbharan connspaid. Ach tha gu leòr a dheargas sinne, an Alba, ionnsachadh bhuapa.

Gàidhlig agus Alba

Gàidhlig agus Alba

- Buaidh an eadar-lìn
- Litir do Luchd-Ionnsachaidh
- Dùbhlain airson reidio?
- Sgaradh iomadh mheadhanach

Chan eil sinn gann de theisteanas naidheachdail gu bheil an t-eadar-lìon a' sìor fhàs nas bunaitiche. Tha e na chulaidh smaointinn gur e 'Litir do Luchd-Ionnsachaidh', a tha air a chraoladh air radio agus air an lìon agus ann am pàipearan naidheachd, am prògram a tha tàladh an àireamh as motha de bheachdan agus bharailean a-mach às gach prògram a tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' maoinachadh. 'S e eisimpleir eile a tha seo dhe na meadhanan a' tighinn còmhla agus ag obrachadh le chèile airson an aon stuth – is dòcha le dreachan eadar-dhealaichte – a sgaoileadh.

Tha an rannsachadh ann an caochladh dhùthchannan ag innse dhuinn gu bheil luchd-èisteachd òga a' gluasad gu teicneolas mar chluicheadairean MP3, radio saideal, rann-phàirteachadh faidhleachan "peer to peer", luchdachadh a-nuas (*downloading*) cèol is film agus fònaichean làimhe a tha comasach air cèol a ghiùlain agus a chluich. Tha ceist ag èirigh a bheil buaidh gu bhith aig radio mar is aithne dhuinn e do dheugairean agus clann aois sgoile, agus 's e am freagairt, tha mi glè chinnteach, gum bi buaidh aig radio air òigridh ach bithidh e ann am farpais ris na meadhanan eile. Anns an t-sealladh sin, feumaidh cèol traidiseanta agus cèol Gàidhlig àite fhèin fhaighinn air gach meadhan ùr sin ma tha sinn ag iarraidh air na ginealachan òga a bhith dìleas dhan dìleab aca.

Cha dearg sinn ach aideachadh gu bheil an cuairt-ghaoth teicneolach air ar siabadh an comhair ar cinn ann an saoghal ùr didseatach, iomadh-shianalach, far a bheil faclan leithid "high definition" agus "interactivity" a' fàs nas cumanta agus roghainnean ro-fharsaing de dh'innealan a' cur ar cinn nan boil. Tha cuid a dh'innealan ag amas air a bhith cruthachadh sgrìn nas lugha, a tha furasta rin giùlain agus a tha snasail – iPod, fon làimhe; tha cuid ag amas air sgrìn nas motha airson cofhurtachd san taigh – LCD is plasma de leth-cheud òirleach mar eisimpleir; ach aig an aon àm tha iarrtas airson susbaint a sìor mheudachadh agus a' leudachadh. Tha na roghainnean a-nis aig

ìre nach fhacas riamh roimhe seo.

Faodaidh sinn a bhith cinnteach air diofar rudan. Bithidh dùbhlain mhòr mu choinneamh craoladairean ann am margaidh sgarichte. Feumaidh a' choimhearsnachd chruthachail a bhith cruthachadh susbaint le bhith sùileachadh air diofar mheadhanan airson an stuth sin a sgaoileadh. Bithidh an luchd-cleachdaidh a' fàs nas caochlaidiche nan dòighean agus nan blasan air sgàth nan roghainnean ùra a bhios aca a thaobh susbaint.

De mu dheidhinn Gàidhlig anns an àrainneachd sin? Am bu chòir an t-eagal a bhith oirnn? Neo an e cothrom air leth a tha seo airson Gàidhlig?

Nuair a thàinig telebhisean an toiseach gu na Gàidheal chluinnte an gearain gun d' thàinig Gall dhan uile taigh air Ghàidhealtachd. Cha bu chòir sin ioghnadh a chur oirnn. Bha an aon duan aig na Inuit agus na h-Innseanaich ann an Ameireaga.

Nuair a thàinig radio chluinnte gum biodh bàs nam pàipearan naidheachd na chois. Nuair a thàinig telebhisean, b' e sin crìoch radio. An uair sin thàinig an t-eadar-lìon agus an-dràsta tha sinn air stairsnich saoghal "video on demand". Ma tha cunnart sam bith ann 's e gum bi sinn air ar beò-ghlacadh agus gun caill sinn ar lùths le na tha de dh' fhaclan ùra agus de theicneolas ùr mar timcheall.

Seirbheis Didseatach Ùr

- Àrainneachd iomadh shianalach
- Cothrom airson sianal ùr
 - Seasmhach
 - Beothail, farsaing, den là an-diugh
 - Leis na Gàidheil
- 2003 – cumhachdan ùra do GMS
- SMG a' tarraing a-mach – taic £1.2m

Tha seann leth-fhacal ann “Is fheàrr fheuchainn na bhith san dùil”. Tha sinn air a bhi san dùil airson iomadach bliadhna. Thathas a nis a’ feuchainn, taing dhan fheadhainn a bha san dùil agus a dh’obraich gun tàmh airson bliadhnaichean mòra. Ma thèid sinn air ais gu 2003, bha e air aithneachadh fada roimhe sin nach dèanadh an gnothach do shaoghal na Gàidhlig ach sianal air leth, ma bha Gàidhlig airson a bhith beò an t-saoghal didseatach a bha ri tighinn as dèidh telebhisean sreathach – ’s e sin àrainneachd iomadh-shianalach agus iomadh-mheadhanach. Bha sianal didseatach riatanach airson taic a thabhann dha na iomairtean leasachaidh cànan agus cultair.

Thug Achd Conaltraidh 2003 misneachd do Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig cruaidh ruith a dhèanamh air cùl an lèirsinn a bha aca airson seirbheis Ghàidhlig iomadh-mheadhanach a bhiodh seasmhach, beothail, farsaing agus den là an-diugh ann an craoladh Albannach agus Ceilteach ann an seadh chraoladh phoblach.

Aig an ìre seo bha e follaiseach gun robh SMG ag iarraidh an dleastanas prògraman Gàidhlig a chraoladh leigeil dhiubh agus gu robh Ofcom taiceil dhan rùn a bha seo. Thèid a thuigsinn gun

robh suidheachadh SMG duilich: tha e na thrioblaid nuair a tha craoladair coimearsalta air a chuingealachadh le dleastanas a bhith libhrigeadh phrògraman do luchd-labhairt mion-chànain nuair a tha luchd-sanasachd ag iarraidh phrògraman a tharraingeas an àireamh as motha de luchd-amhairc. Ged a tha SMG a' cur taic £1.2m ann an luach phrògraman ris an iomairt a dh'ionnsaidh sianal didseatach, tha e na chall dhan luchd-amhairc againn gun do rinn Ofcom dleastanas SMG nas aotroime a thaobh na Gàidhlig.

Seirbheis Didseatach Ùr

- GMS, BBC agus riochdairean
- Ofcom, Riaghaltas na h-Alba
- Oifis Albannach agus DCMS
- Airgead GMS a' meudachadh gu £11.7m
- Co-bhanntachd ris a' BhBC
- Aithisg Deloitte - £16m airson sianal
- 1.5 uairean ùra de thìde gach là
- A' gluasad gu 3 uairean an ceann 3/5 b

Leis an sin cha robh air fhàgail ach trì cluicheadairean sa gheama craolaidh Gàidhlig: Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, le tobar maoin agus dleastanas laghail, am BBC agus an gnìomhachas riochdachaidh neo-eisimeileach a tha air susbaint chruthachail a bhiadhadh a-steach do thelebhisean Gàidhlig bho thòisich Comataidh Telebhisean Gàidhlig barrachd is còig bliadhna' deug air ais.

Tha cluicheadairean eile ann cuideachd. Ann an dòigh is ann aca a tha an cumhachd agus an smachd: Ofcom, a tha riaghladh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, agus Riaghaltas na h-Alba, a

tha maoin eachadh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig. Ann an da-rìribh 's e dilleachdan a tha ann an Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig! Nuair a thàinig Pàrlamaid na h-Alba gu bith, chùm Lunainn an cumhachd ach fhuair Dùn Èideann an smachd! Cumhachd gun smachd aig Lunnain agus smachd gun chumhachd aig Dùn Èideann! Spòrs airson an luchd-lagha! Agus leisgeul airson tuilleadh chòmhradh.

Tha an Oifis Albannach agus Roinn Cultair, Mheadhanan is Spòrs iad fhèin air pàirt shònraichte a ghabhail anns na còmhradh. Ged a tha na briathran air a bhith taiceil bhiodh e nas fheàrr buileach nam fosgladh an sporan beagan nas motha na £¼ m a tha DCMS a' tairgsinn airson an t-seirbheis a chur air bhog.

Aig an ìre seo tha sinn a' coimhead le mòran farmad gu deas, gu ar caraidean sa Chuimrigh, a tha air £3m a bharrachd fhaighinn a-mach às a BhBC am bliadhna ged a tha am BBC mu thràth a' cur luach £22m de phràgraman Cuimris gu S4C. Agus sin a bharrachd air an £88m a tha iad a' faighinn bho Roinn Cultair, Mheadhanan is Spòrs!

'S e aon dhe na laigsean anns an t-suidheachadh an Alba nach eil airgead SnaMG air a cheangal ri RPI, mar a thathas a' tachairt anns a' Chuimrigh. Nam bitheadh, bhiodh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' faighinn £13m sa bhliadhna, rud a tha Riaghaltas na h-Alba nis ag aithneachadh agus iad a' tairgsinn £3m a bharrachd gach bliadhna airson sianal didseatach. Mo bheannachd orra airson an taic a tha iad a' nochdadh ann an suidheachadh laghail an-àbhaisteach, do-chreidsinneach seo agus mo bheannachd orra airson an earbsa a tha iad a' cur annainn.

Thàinig na gluasadan as motha anns an dà bhliadhna a chaidh air sgàth dà rud: choinnich Cathraiche Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig ri Cathraiche a' BhBC agus dh'aontaich iad ann an

prionnsapal gun obraicheadh an dà bhuidheann airson seirbheis ùr a chruthachadh còmhla; agus sgrìobh Deloitte aithisg do Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a’ mìneachadh gun rachadh sianal didseatach a chruthachadh airson beagan a bharrachd is £16m not sa bhliadhna (suim gu math nas ìsle na bha Aithisg Mhilne a moladh 5 bliadhna roimhe). Leis an taic a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba agus an gealltanais a rinn Mark Thomson, Ceannard a’ BhBC, nuair a bha e ann an Steòrnabhagh aig deireadh an t-samhraidh barrachd airgid a chur gu ruige Gàidhlig, tha an suidheachadh ionmhais a-nis cha mhòr coileanta airson tòiseachadh le 1.5 uair de phrògraman ùra Gàidhlig sa là. Mus bith fios le cinnt ge-tà thathar a’ feitheamh fios bhon BhBC dè bhuidh a bhios aig an “licence fee settlement” air na tha iad a’ tairgsinn. Nam biodh am BBC a’ cleachdadh prionnsapal co-ionannachd ri suidheachadh S4C, cha bhiodh trioblaid sam bith an seo. Thathas cuideachd a’ feitheamh aonta aig ìre poileasaidh gun cuir iad barrachd airgid gu ruige craoladh Gàidhlig rè 3 gu 5 bliadhna airson àireamh phrògraman ùra a mheudachadh gu 3 uairean gach là.

Seirbheis Didseatach

BBC

- Craoladh
- Naidheachdan
- Prògraman
- Eòlas is teicneolas

GMS

- Prògraman
- Leasachadh
- Trèanadh
- Aire air “indies”

Lèirsinn

Gàidhlig air beulaibh agus air cùlaibh an sgrìn
Fèin-iomhaigh nan Gàidheal
Cruthachail, ògail, snasail, beothail,
Ga cleachdadh leis a’ choimhearsnachd Ghàidhlig

Tha sinn ma-tà a gabhail ceumannan a dh’ionnsaigh sianal ùr. Bithidh seo air a dhèanamh ann an compàirteachas ris a’ BhBC, a tha tairgsinn dhan iomairt na comasan teicneòlach a tha aca, a

bharrachd air na seirbheisean naidheachdan agus na prògraman cruthachail aca. Tha seo a' ciallachadh gun tèid a mhòr-chuid den airgead aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a chosg air prògraman, air leasachadh agus air trèanadh, rud a bu chòir a bhith na fhìor dheagh naidheachd.

Ged a tha airgead na adhbhar gearain, chan e an aon dùbhlán a tha romhainn. Tha ceistean poileasaidh agus prìomhachais cuideachd ag èirigh. Mar eisimpleir, am bu chòir dhan t-sianal ùr a bhith na ionnsramaid leasachaidh canain? Tha e fìor gur ann a-mach às an aon tobar aig Riaghaltas na h-Alba a tha airgead craoladh Gàidhlig agus foghlam Gàidhlig a' tighinn, ach cha robh daoine riamh cofhurtail mu dheidhinn a' cheangail. Co-cheangailte ris an sin tha ceist ann dè seòrsa "editorial vision" neo lèirsinn a bu chòir a bhith againn? Rinn TG4 suas an inntinn gu math tràth gu robh iad airson fèin-ìomhaigh an fheadhainn a bha bruidhinn Gaeilge a chur an-àirde le bhith dealbhachadh an t-saoghail aca mar shaoghal ògail, snasail agus den là an-diugh. Chuir iad "Sùil Eile" mar bhriathrachas co-cheangailte ri ainm an t-sianail, agus gu ìre dh'obraich sin. Rinn iad strì airson tàlant ùr a thrusadh, thug iad àite sònraichte do cheòl traidiseanta is spòrs Gaeilge. Ach cuideachd rinn iad co-dhùnadh gun robh na daoine a bha bruidhinn Gaeilge beò ann an saoghal far an robh Beurla na chiad chànan airson a' mhòr-chuid agus leis an sin gheibhear an-diugh a cheart uimhir stuth Beurla seach Gaeilge air TG4. Ma tha lèirsinn sam bith aca, 's e gu seall iad e dìreach mar a tha e, agus chan eil trioblaid sam bith a bhith a' cur a-mach stuth a bhios a cur dùbhlain, ann an seagh cànan, moraltachd neo eile, air muinntir na Gaeltachta.

Dè an lèirsinn a bhios againne? Anns a' chiad àite 's e sianal Gàidhlig a bhios ann. Cha bhi sinn idir a' ceannach stuth Beurla ged ma dh'fhaoidte gun nochd Beurla neo cànan sam bith eile taobh a-staigh phrògraman. 'S e poileasaidh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig nach pàigh sinn airson prògram mur a bheil 80% ann an Gàidhlig. Tha mi gan cluinntinn a' gearain mu thràth. Gàidhlig anns a "ghetto". An e sin an rud as fheàrr airson Gàidhlig, ga cur ann an àite leis fhèin seach ga

mhisgeachadh a-staigh le Beurla? 'S e ar co-dhùnadh anns an t-saoghal iomadh-shianalach agus iomadh-mheadhanach seo gur e. Ma tha sinn ceàrr coimheadaidh sinn as ùr air an ceann greis.

Dè na slatan tomhais a bhios aig an t-seirbheis ùr? An-dràsta tha sinn a' cleachdadh rannsachadh a thaobh àireamh luchd-amhairc nàiseanta agus rannsachadh sònraichte anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig air prògraman. Ged a tha àite ann airson fiosrachadh air àireamhan luchd-amhairc, bidh prìomhachas ga thoirt dhan fhiosrachadh a tha sinn a' faighinn bhon choimhearsnachd a bhios sinn a' frithealadh. A bheil deugairean a cleachdadh na seirbheis? A bheil clann anns na sgoiltean Ghàidhlig a' tilleadh dhachaidh agus a' cur air an t-sianal neo an làrach-lìn Ghàidhlig? A bheil a' choimhearsnachd de luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Ghàidhlig air am misneachadh, a bheil an fèin ìomhaigh air a dhol an-àirde, a bheilear a' greimeachadh air cuspairean an t-saoghail mhòir ann an seagh poblach troimh mheadhan na Ghàidhlig, a bheil an t-seirbheis ùr a' toirt ghoireasan is chothroman do luchd-ionnsachaidh?

A bharrachd air an sin, agus is d'fhiach e ràdh gum bi an t-Seirbheis ùr a cleachdadh Ghàidhlig mar chiad chànan obrach le sùil air a bhith brosnachadh cleachdadh na Ghàidhlig anns a h-uile buidheann a tha an sàs anns an craoladh Ghàidhlig, air beulaibh agus air cùlaibh a' chamara.

Mu dheireadh thall, tha mi tilleadh chon an dealbh leis an do thòisich mi. Tha sinn dòchasach gum bi a' choimhearsnachd chruthachail beò, ògail, sgileil, agus a' cleachdadh Ghàidhlig mar chiad chànan obrach. Feumaidh an t-susbaint a bhith dìleas dhar dualchas ach firinneach do chaitheamh beatha an là an-diugh, gun eagal a bhith oirnn nach bi e a; còrdadh ri cuid a dhaoine. Agus, ann an dòigh phragtaigeach feumar an luchd-cleachdaidh an deasachadh airson an t-seirbheis fhaighinn air saideal, cable agus bann leathann, ri DTT ri leantainn ann an 2010.

'S i an t-slat-tomhais as cudromaiche airson na seirbheis ùir, na mo bheachdsa, am bi coimhearsnachd na Gàidhlig ga cur air gach là airson greis, neo an tèid i air chall ann am farpais leis na ceudan eile sianalan didseatach a tha rim faotainn.

Mar a thuirt am bàrd:

Se adhbhar a chlisgidh mu threigeas do mhisneachd

Se adhbhar a chlisgidh mu bhriseas do dhòchas.

Tha mise làn misneachd agus dòchas – cuiribh ar taic ris an iomairt agus greimichibh air a' chothrom ùr seo airson cor na Gàidhlig.

Dòmhnall Caimbeul

16 Faoilleach 2007